

Gairm gu Ùrnaigh, Latha na Sàbaid 1d dhen Ghiblean  
Latha na Càisge  
Ùrnaigh aig 7f

Thòisich Madainn na h-Aiseirighe “fhad ’s a bha i fhathast dorcha” anns an àite far an robh an Tighearna air a thìodhlachadh san uaigh. Aig toiseach na seachdaine bha an sluagh ag èigheach “Hosanna”, aig a deireadh b’ e “Ceus e!” a ghlaoidh iad. Ann an dorchadas na maidne ud, b’ e Màiri Magdalén, air toiseach air càch, a thuig nach tàinig an sgeul gu crìoch air a’ chrann-ceusaidh. Dh’fhàn Màiri aig an uaigh, fo mhulad is fo bhròn, gus an do mhothaich i gun robh cuideigin nach b’ aithne dhi am fagas. Labhair guth don tè a bha fo bhròn, agus ghairm e i air a h-ainm, “A Mhàiri!” Anns a’ bhad, dh’aithnich i gun robh i na seasamh ann an làthaireachd Tighearna na h-aiserighe, agus chaidh i gus innse dha na deisciobail, “Chunnaic mi an Tighearna.” (Eòin 20: 1 - 18).

An-diugh, air Latha na Càisge, tha an Tighearna beò a’ bruidhinn ris an fheadhainn a’ siubhal eadhon trìd ghlinn dorcha sgàile a’ bhàis, a tha fo mhulad is fo bhròn. Tha e a’ bruidhinn rinne, air ar n-ainm. Agus mar sin, tha sinn, maille ri poball Dhè air feedh an t-saoghal, a’ seinn “Tha Crìosd air èirigh. Tha e air èirigh gu dearbh. Alleluia!”

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè, Athair ar Tighearna ìosa Crìosd,  
Na do thròcair mhòir,  
tha thu a’ toirt dhuinn dòchais bheò,  
tro aiseirigh ìosa Crìosd.  
An-diugh, gabh ri ar moladh agus ar taingealachd.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, Athair ar Tighearna ìosa Crìosd,  
Na do thròcair mhòir,  
tha thu air siùbhal maille rinn tron oidhche  
agus a-nis tha thu gar treòrachadh do sholas an latha.  
Stiùir sinn tron dorchadas a-chum solas sìorraidh do làthaireachd.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, Athair ar Tighearna ìosa Crìosd,  
Na do thròcair mhòir,  
tha thu a’ siubhal maille riuthasan a tha fo mhulad is fo bhròn.  
Nad thruas, bi maille riutha fhathast,  
agus deònaich dhaibh slànachadh agus dòchas na beatha sìorraidh.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, Athair ar Tighearna ìosa Crìosd,  
Na do thròcair mhòir,  
Tha thu a' bruidhinn rinn aig an ìre as doimhne,  
gar gairm air ar n-ainm.  
Gairm sinn thugad gus an cuir sinn an cèill: *Tha Crìosd air èirigh! Alleluia!*  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, Athair ar Tighearna ìosa Crìosd,  
Na do thròcair mhòir,  
tha thu a' toirt dhuinn dòchais bheò,  
tro aiseirigh ìosa Crìosd.  
An-diugh, gabh ri ar moladh agus ar taingealachd.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

- An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba
- Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann
- Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean, Eaglais Easbaigeach na h-Alba
- An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba
- An t-Urramach Dòmhnull G. Dòmhnullach, Moderàtor, an Eaglais Shaor
- An t-Urramach Pòl Whittle, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)
- An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba
- An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)
- An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thisionalach ann an Alba
- Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte
- Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

- An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich
- Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais Chrìosdal air Saoradh le Dia
- Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla ann an Alba (MECTIS)
- An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)